



FEATURE

Air adhart le foghlam Gàidhlig

Mairead Niclomhair

University of Aberdeen, Scotland

DOI Number: <https://doi.org/10.26203/es49-e735>

Copyright: © 2006 Niclomhair

To cite this feature: Niclomhair, M., (2006). Air adhart le foghlam Gàidhlig. *Education in the North*, **14**, pp.53-54.



This is an open-access article distributed under the terms of the Creative Commons Attribution-Non-commercial License (<https://creativecommons.org/licenses/by-nc/4.0/>), which permits non-commercial use, distribution, and reproduction in any medium, provided the original author and source are credited.

Air adhart le foghlam Gàidhlig

Mairead Niclomhair looks back at the progress made in Gaelic education and at exciting prospects for the future

Le Sgoil Ghàidhlig mhòir ùir a' fosgladh a dorsan do sgoilearan ann an Glaschu air na mìosan seo fhèin agus obair air tòiseachadh air sgoil ùir Ghàidhlig ga togail ann an Inbhirnis, is dòcha gu bheil an t-àm seo cho iomchaidh ri àm sam bith eile do luchd na Gàidhlig a bhith a' stad tacain airson coimhead air ais le beagan pròis agus coimhead air adhart le barrachd dòchais a thaobh tèarainteachd a' chàinain. Aig àm annan, tha e riatanach dhuinn seo a dhèanamh airson misneachd a ghlacadh às na clachan-mìle a th'air ar cùlaibh agus spionnadh a thogail airson an treabhaidh a tha fhathast romhainn.

Gu dearbh, a' coimhead air ais, nach iomadh iomair a chaidh a threabhadh le luchd na Gàidhlig bho 1985 an uair a nochd a' chiad sgoilearan ann an clasaichean foghlam tro mheadhan na Gàidhlig (FTMG) anns an dà bhaile mhòr sin. Ged a bha gu leòr ann, mi fhìn nam measg, a bha meas seo mar cheum chudromach air adhart, bha a' mhòr-chuid a' creidsinn nach robh ann ach fabhtas grunnan phàrant a ghabhadh seachad mar bhruadar. Ciamar nach gabhadh, oir cha robh taic chunbhalach ann dhaibh. Cha robh luchd-teagaisg no stuthan teagaisg gu leòr aca agus cha mhotha na sin a bha airgead aig comhairlean airson a leithid de shiostam a ghiùlain. Cha robh ann ach bacadh air foghlam an cuid chloinne agus thigeadh sin am follais ann an ùine nach biodh fada.

Mar sin, thòisich an leasachadh air a bheil sinne cur fàilt' an diugh ann an dà rùm-sgoile le dà neach-teagaisg, dà-dhusan pàiste agus dà mhìle teagamh.

'Chan fhaighear math gun mhulad' tha an sean fhacal ag ràdh agus is fìor am facal e a thaobh a bhith ag adhartachadh FTMG oir cha b'è gèilleadh do na cnapan-starra a dh' fheumadh ach cothachadh nan aghaidh. Mar sin, is iomadh strì is spàirn a ghabhadh os làimh mus deach ruighinn an ìre a th'againn a-nise. Agus, ged nacheil na h-àireamhan a tha far comhair cho àrd agus bu mhath le cuid a thaobh ath-bheothachadh a' chanain, tha iad nan deagh theisteanas air dilseachd agus misneachd an luchd-iomairt a bha an sàs ann an iomadh coimhearsnachd air feadh na dùthcha. Tha iad gu h-àraidh nan comharradh air a' chreideas a bh'aig pàrantan anns a' ghnòthach anns an robh iad an sàs agus a' cur an cèill dhuinn mar a tha neart na Gàidhlig cho mòr an eisimeil taic nam pàrant.

Bho chaidh a' chiad cheumannan a ghabhail anns na h-ochdadan, nach mòr a th'air tachairt dhan Ghàidhlig; nach iomadh tionndadh a tha a' chuibhle air a chur ga taobh. Tionndaidhean nach creideadh eadhon an neach bu mhisneachaile againn, aig toiseach cùise. Ann an artaigil mar seo, chaneil e comasach cur an cèill, gu mionaideach, gach leasachadh a thàinig agus gach adhartas a rinneadh, chan ann a-mhàin ann am foghlam ach cuideachd, ann an craoladh, anns na h-ealain, am measg luchd-ionnsachaidh, anns an t-saoghal phoilitigeach agus an iomadh saoghal eile. Is leòr a ràdh, gum biodh e mòr ort sluagh eile a lorg anns an Roinn Eòrpa no an taobh a-muigh dhith, a choilìon uidhir dhan mhion-chànan aca ris na Gaidheil agus iad a' teannadh dlùth ri deireadh na 20mh linne. Nach bu mhiorbhuileach an spionnadh a thàinig annta agus nach bu mhath gun tàinig. Tha sinn air gluasad a-steach don 21mh linn chan ann a mhàin le dòchas, ach cuideachd le eòlas agus tuigse air mar bu chòir a bhith ag ath-bheothachadh càinain a th'ann an cunnart. Gu dearbh, ma thachras uidhir anns na fichead bliadhna air toiseach oirnn agus a thachair anns na fichead a chaidh seachad, nach sinn a dh' fhaodas a bhith coimhead air adhart. Mar a thuirt mi aig an toiseach, a' coimhead air ais le pròis agus air adhart le dòchas.

Agus, carson nach coimheadadh? Tha Pàrlamaid ùr againn ann an Dùn Èideann agus taic an Riaghaltais air an nochdadh ann an Achd ùr dhan Ghàidhlig. Tha Bòrd ùr na Gàidhlig ann agus iadsan ag ullachadh plana mòr, ùr dhan chànan. Tha foghlam Gàidhlig a-nise na phrìomhachas nàiseanta agus FTMG na phàirt sheasmhach de shiostam foghlam na h-Alba. Tha na h-ealain Ghàidhlig aithnichte aig fèisean nàiseanta is eadar-nàiseanta agus tha còmhraidhean a'dol mu sheanail ùr, digiteach dhan Ghàidhlig. Saoghal gu math eadar-dhealaichte on an t-saoghal a bh' ann an uair a thug pàrantan Ghlaschu agus Inbhirnis a' chiad cheum ann an saoghal a bha coimhead gu math dubhach agus gu math eu-dòchasach dhan chànan againn.

Gun teagamh, tha mòran ri dhèanamh fhathast. Mar a thuirt mi na bu tràithe, tha iomairean fhathast rin treabhadh. Gu dearbh, is ann a chanas cuid gur ann a tha an obair gun tòiseachadh. Tha a' Ghàidhlig mar chànan làitheil a' crìonadh anns na coimhearsnachdan agus feumar àireamhan FTMG a mheudachadh mus tig an ath chunntas-sluaigh ann

an còig bliadhna eile. Cha tèid mise às àicheadh sin. Tha mi glè mhothachail air na beàrnan a tha rin lionadh agus na ceistean a tha rim fuasgladh. Tha mi ro mhothachail cuideachd air cho luath agus a thèid cànan à bith agus cho fada agus a bheir gnothaichean mus ath-bheothaichear i. Tha mi mion eòlach air a' mhi-fhoighidinn a tha ag èirigh tro uallach agus a' mhi-thuigse uaireannan a thig na chois. Chaneil na puingean mòra, cudromach sin an dubhar orm idir.

Ach, nam b' urrainn dhomh tilleadh a-rithist gu gliocas an t-sean-fhacail Ghàidhlig: ' 'S e obair latha tòiseachadh.' Saoilidh mi fhìn gu bheil sinn air deagh thoiseach tòiseachaidh a dhèanamh agus gu bheil an treabhadh as muladaiche a-nise air ar cùlaibh? Tha bun-stèidh air leth bunaiteach againn leis na thathas air a choilionadh agus, ged is e saothair gun truas aig àmannan a bh'ann don fheadhainn a bha an sàs airson còrr math agus fichead bliadhna, nach fìor fhiach a-nise torradh an cuid saothrach?

Tha luchd na Gàidhlig air mòran ionnsachadh. Gun mhisneachd annta fhèin agus gun chreideas anns an

adhbhar, cha bhiodh adhartas no piseach gu bràth air tighinn. Cha bhiodh na h-argamaidean air an cur an cèill cho dùrachdach agus air am buannachadh cho èifeachdach. Agus nach mòr an leasan sin fhèin. Tha luach nar cànan; tha i prìseil dhuinn mar Ghaidheil agus tha sinne mar shluagh comasach agus deònach a còrichean a sheasamh.

Fàilte mhòr, chridheil, Ghaidhealach air Sgoil ùir Ghàidhlig Ghlaschu, ma thà, agus meala-naidheachd orrasan uile a thug gu buil i. Gu soirbhicheadh leatha agus gun leudaicheadh na h-àireamhan a bhios a' dol innte gu mòr. Faodaidh mi ràdh gun aithnich mise aon tè cò-dhiù, a tha làn chinnteach gun tachair sin agus a tha coimhead air adhart gu mòr ris a' bhuaidh a bhios aig an sgoil air saoghal an fhoghlaime agus air leasachadh na Gàidhlig san fharsaingeachd. Tha i cuideachd a' coimhead air adhart le misneachd, seadh, eadhon le mòr-dhòchas, ris an tuilleadh sgoiltean de seòrsa anns an linn ùir air thoiseach oirnn. Agus, ma tha mo thuigse-sa ceart ga taobh, cha bu toil leamsa a bhith ann am brogan ise no esan a dh' fheuchadh ris an tè seo a chur às a beachd!